

# Cobhair ciorraim airson clann air a bheil tinneas-bàis.

Bheir Pàigheadh Ciorraim Cloinne taic-airgid do dhaoine a tha a' toirt cùram do phàiste fo aois 16 a fhuair breithneachadh-lèigh gu bheil tinneas-bàis orra. Tha an t-sochair ri fhaighinn ge bith dè cho fada air ais a fhuair am pàiste breithneachadh-lèigh no dè an dùil-beatha.

Tha Pàigheadh Ciorraim Cloinne stèidhte air 2 phàirt: pàirt cùraim agus pàirt comas gluasaid.

Chan fhaigh ach clann aois 3 agus nas sine a' phàirt comas gluasaid de Phàigheadh Ciorraim Cloinne.

## Mar a nithear iarrtas

Chan fheum sinn ach:

- foirm-iarrtais Pàigheadh Ciorraim Clann nas giorra a dh'iarras fiosrachadh bunaiteach a-mhàin
- dearbhadh air breithneachadh-lèigh bho dhotair no banaltram clàraichte a tha an sàs ann an cùram no breithneachadh.

Is e am foirm Measadh Shochairean fo Riaghailtean Sònraichte (BASRIS) a bu chòir don dotair no a' bhanaltram a lìonadh agus a thilleadh thugainn gus innse dhuinn mun tinneas-bàis. Bheir seo cothrom dhuinn an t-iarrtas a làimhseachadh nas luaithe. Faodar iarraidh orra am foirm seo a chur a-null thugainn no iarraidh oirne am foirm iarraidh orrasan.

Ma tha do dhotair no proifeiseantach slàinte air foirm DS1500 no foirm SR1 a lìonadh an àite sin, gabhaidh Tèarainteachd Shòisealta Alba ri seo cuideachd.

## Nuair a gheibh sinn iarrtas

Nuair a thèid iarrtas a chrìochnachadh gu soirbheachail:

- gheibh iad, gu fèin-obrachail, an ìre pàighidh as àirde airson cùram
- gheibh iad, gu fèin-obrachail, an ìre pàighidh as àirde airson gluasad ma tha am pàiste 3 bliadhna a dh'aois no nas sine
- bidh am pàigheadh leantainneach gun feum a bhith air ath-bheachdachadh
- thèid am pàigheadh obrachadh a-mach bhon cheann-latha air an d' fhuair sinn an t-iarrtas no bhon cheann-latha air an do rinneadh am breithneachadh-lèigh air tinneas-bàis, co-dhiù a tha nas tràithe.

## Dè cho fada 's a bheir seo?

Bidh an luchd-obrach againn a fhuair trèanadh sònraichte a' dèiligeadh ris an iarrtas ann an dòigh luath. Cuiridh sinn litir a-mach leis a' cho-dhùnadh againn.

## A' faighinn barail eile air breithneachadh-lèigh

Faodaidh neach barail eile iarraidh mura h-eil iad ag aontachadh ri breithneachadh-lèigh nach eil tinneas-bàis air a' phàiste. Faigh tuilleadh fiosrachaidh air Cairt Còraichean is Dleastanasan nan Euslainteach air [mygov.scot](http://mygov.scot) le bhith a' rannsachadh còraichean euslaintich.





## Càite am faigh cuideigin barrachd fiosrachaidh agus iarrtas a dhèanamh?

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh agus faodar iarrtas a chur a-steach air-loidhne aig [mygov.scot/benefits](http://mygov.scot/benefits). Faodaidh daoine cuideachd cur a-steach air a' fòn no foirm-iarrtais pàipeir iarraidh tron phost le bhith a' cur fòn thugainn an-asgaidh air **0800 182 2222**.



Tha mòran dhaoine draghail mun chosgais bith-beò. Chan eil thu nad aonar. Gus faighinn a-mach dè an taic a dh'fhaodadh tu fhaighinn, tadhail air [gov.scot/costoflivingsupport](http://gov.scot/costoflivingsupport). No tadhail air Biùro Comhairleachaidh an t-Sluaigh faisg ort.

## Ciamar as urrainnear fios a chur thugainn?

-  Cuir fòn thugainn an-asgaidh air: 0800 182 2222
-  Seirbheis Text Relay: 18001 +0300 244 4000 (do dhaoine a tha maol sa chlaisneachd)
-  Luchd-cleachdaidh Cànan Soidhnidh Bhreatainn: [contactscotland-bsl.org](http://contactscotland-bsl.org)
-  Webchat: [chat.socialsecurity.gov.scot](http://chat.socialsecurity.gov.scot)